

Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 3 Levels for the Bronze Card and 3 sample conversations for each level, (with the exception of Level 1 which has 2 sample conversations) giving a total of 8 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see the *Learners' Guide* for An Comunn Gàidhealach assessment scheme.

To attain the Bronze Card, the learner must succeed at all 3 levels and attain 50% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 50%, i.e. 10 out of 20, should be attained for each conversation assessed at each level before moving on to the next level.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

Ìre 2 / Level 2,

Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, ciamar a tha sibh?

NI: Tha gu math, tapadh leibh, ciamar a tha sibh fhèin?

NM: Gu math, tapadh leibh. A bheil sibh a' dol dhan Mhòd am-bliadhna?

NI: Tha.

NM: Cuin a tha sibh a' dol ann? Dè an latha?

NI: Diciadain, tha mi a' fàgail Diciadain.

NM: Tha mise dol dhan Mhòd cuideachd. Ciamar a tha sibhse a' dol ann?

NI: Tha mi a' dol ann air an tràan agus air a' bhàta, air a' bhàta à Ulapul.

NM: Carson a tha sibh a' dol ann? A bheil sibh a' seinn?

NI: Mise, a' seinn, chan eil, chan eil, tha mi a' dol a ghabhail fois.

NM: A ghabhail fois, glè mhath ... agus a choinneachadh ri daoine?

NI: B' aill leibh? Canaibh a-rithist e. Chan eil mi gad thuigsinn.

NM: Tha mi duilich ... a choinneachadh ri daoine ... to meet people.

NI: O, seadh, seadh, tha mi a' tuigsinn. Tha, tha mi a' dol a choinneachadh ri daoine.

NM: An deach sibh dhan Mhòd mu dheireadh – previous – a bha ann an Steòrnabhagh?

NI: Chaidh, bha e math. Bha sinn air chuairt ann ann Calanais cuideachd. Bha a' bhean agam ann cuideachd.

NM: O, math dha-riribh. Bha mise aig a' Mhòd cuideachd agus bha a' bhean agam ann còmhla rium.

NI: Còmhla rium? Chan eil mi gad thuigsinn.

NM: Bha a' bhean agam aig a' Mhòd cuideachd, mi fhìn agus a' bhean còmhla rium ... along with me.

NI: Tha mi tuigsinn. Dè an obair a th' aice, aig a' bhean agaibh?
NM: 'S e seinneadair a th' innte.
NI: Gabhaibh mo leisgeul, càit a bheil i a' seinn?
NM: Ann an còisir, tha i a' seinn ann an còisir agus leatha fhèin aig cèilidhean.

Ìre 2 / Level 2,

Còmhradh 2 / Conversation 2

NM: Cuin a bha sibh air saor-làithean?
NI: Bha sinn air saor-làithean anns an Fhaoilleach?
NM: Anns an Fhaoilleach, an robh e fuar?
NI: (A' gàireachdainn) Cha robh idir, chaidh sinn dhan Ghrèig. Càit an robh sibh fhèin?
NM: Chaidh sinn a dh'Èirinn. An do chòrd a' Ghrèig ribh?
NI: Chòrd, bha e teth agus grianach.
NM: Càit an robh sibh a' fuireach?
NI: ... Ciamar a chanas mi 'rented house'? ...
NM: Taigh air mhàl ... Na biodh dragh ort! Cùm ort! An robh an taigh mòr?
NI: Bha, bha còig rumannan ann, trì rumannan shìos an staidhre agus dà rùm-cadail shuas an staidhre.
NM: Cha robh e ro mhòr, an robh?
NI: Cha robh, bha mo mhac agus mo nighean ann cuideachd agus a' bhean agam. Dè a' Ghàidhlig a th' air 'four people'?
NM: 'ceathrar
NI: Tapadh leibh, bha ceathrar ann. 'S e taigh ùr snog a bh' ann. Bha rùm-suidhe, cidsin agus rùm-cadail shìos an staidhre.
NM: Rùm gu leòr ma tha!
NI: Canaibh a-rithist e! Gabhaibh air ur socair.
NM: Rùm gu leòr ...
NI: O, seadh, bha, rùm gu leòr.

Ìre 2 / Level 2,

Còmhradh 3 / Conversation 3

NM: Bha mi air saor-làithean anns an Fhraing am-bliadhna. Càit a bheil thu fhèin a' dol?
NI: Tha sinn a' dol dhan Ghearmailt.
NM: O, glè mhath. Cuin a tha sibh a' dol ann?
NI: Anns an Lùnastal. Tha sinn a' dràibheadh ann. An toigh leibh dràibheadh?
NM: 'S toigh l', tha càr agam, Ford, a bheil càr agad fhèin?
NI: O, tha, tha dà chàr againn, tha càr beag agamsa, 's e Fiat a th' ann, Fiat beag dearg. A' bhean agam, tha Skoda mòr geal aice. Tha sinn a' dol dhan Ghearmailt anns an Skoda.
NM: Tha sin math. Cò tha a' dràibheadh?
NI: Tha ise a' dràibheadh, tha i a' dràibheadh an Skoda.

NM: Tha e daor a' dràibheadh càr an-diugh, tha am peatrail daor, daor
NI: Chan eil mi a' tuigsinn 'daor'.
NM: Tha peatrail a' cosg airgead mòr.
NI: O, tha, tha e glè dhaor. Dè tha e a' cosg ann an Glaschu?
NM: Tha e not, fichad sgillinn 's a còig deug an liotair. Dè a' phrìs a tha e ann an Inbhir Nis?
NI: Tha e dà not ach sgillinn. Dè an seòrsa Ford a th' agaibh?
NM: 'S e Ford Focus a th' ann? Chan eil e dona. Agus tha sibh a' dol dhan Ghearmailt anns a' chàr. Càit a bheil sibh a' fuireach, ann an taigh-òsta?
NI: Chan ann, tha sinn a' fuireach còmhla ri mo phiuthar. Tha flat snog aice ann am Berlin.
NM: Tha sin math, chan eil sin daor, a' fuireach còmhla ri do phiuthar! Math dha-rìribh.
NI: (a' gàireachdainn) Chan eil idir, tha i còir. 'S e tidsear Beurla a th' innte. Tha am flat aice mòr.
NM: Glè mhath, tha sin uabhasach math.
NI: Feumaidh sinn falbh anns an Lùnastal. Tha i air saor-làithean an uair sin.
NM: Chì sibh i anns an Lùnastal ann am Berlin.
NI: Chì , chì sinn i an uair sin.